

## Duilleag Fiosrachaidh 1

### TEUSAIREAN

#### Dè a th' ann an Teusairean?

'S e Taser an t-ainm-brannnd air Uidheaman Lùth Giùlainte a tha feachdan poileis air feadh Bhreatainn a' cleachdadh. 'S urrainnear Teusairean a chleachdadh ann an grunn dhòighean airson suidheachadh a dh'fhaodas a bhith ainneartach no cunnartach a chiùineachadh gun anabarr de sparradh.

'S e an rannsaiche NASA, Jack Cover, a chlàraich peutang an toiseach ann an 1974 airson an uidheim, a chaidh a dhealbhadh gus targaid bheò a stamhnadh gun mhòr-chiùrradh no dochann. Chaidh Teusair, air a bheil Uidheaman Lùtha

Giùlainte (CEDan) uaireannan, a dhealbhadh airson comas a thoirt do dh'oifigearean uchd-bualaidh a bhith a' cuingealachadh dhaoine, a dh'fhaodadh a bhith cunnartach, gun anabarr de sparradh a dhèanamh.

Bha a' chiad uidheam Teusair air a dhèanamh ro 1976 agus thàinig iad gu bhith bitheanta mu 2010 ann am feachdan poileis air feadh an t-saoghail.



Oifigear le uidheam Axon Taser

#### Adhbhar

Tha rùn aig a' Phlana Poileis Ro-innleachdail air obair-phoileis ullachadh airson Alba a dhèanamh sàbhailte, dìonta is seasmhach. Le seo, feumar seirbheisean a dhealbhadh 's a ghlèidheadh gus an tig iad suas ri iarrtasan a bhios a' dol am meud 's ag atharrachadh ann an àrainneachd chaochlaideach. Gus tighinn suas ris na h-iarrtasan seo an-dràsta agus san àm ri teachd, feumaidh seirbheis poileas na h-Alba dèanamh suas agus gabhail ri dòighean obrachaidh, poileasaidhean is teicneòlasan ùra a bheir comas dhaibh sàbhailteachd is deagh-chor ar coimhearsnachdan a dhìon (mar a rinneadh iomradh ann am Prionnsabalan Obair-phoileis - Earrann 32 de dh'Achd Ath-Leasachadh a' Phoileis is Luchd-smàlaidh (Alba) 2012).

Chaidh an sreath seo de dhuilleagan fiosrachaidh, a tha air an amas don phoball agus furasta a chleachdadh, a dheasachadh gus sealladh a thoirt air na buannachdan aig dòighean obair-phoileis ùra agus aig leasachaidhean a tha ri thighinn, na poileasaidhean a bhios gan riaghladh, agus dè tha seo a' ciallachadh a thaobh chòraichean eiticeil, prìobhaideachd is daonna.

Ann am Breatainn tha Uidheam Lùtha Giùlainte/Taser fon t-seòrsachadh 'ball-airm toirmisgte' ann an Earrann 5 de

Achd Airm-theine 1968, agus thathar ga mheas na eucoir ma tha neach sam bith a' sealbhachadh no a' cleachdadh ball-airm dhen t-seòrsa sin. Fhad 's a tha oifigearan poileis ris an obair aca, tha iad saor bho riatanasan an reachdais ge-tà.

Tha Teusairean gan cleachdadh san RA le feachdan poileis bho 2004<sup>1</sup>. Sheall obair-rannsachaidh gu bheil ìre gèillidh 85% ann nuair a thàirneas oifigearan uchd-bualaidh Teusair, agus gun fheum air an t-uidheam a thilgeil<sup>2</sup>.

## Carson a thathar a' cleachdadh Teusairean ann an obair-phoileis?

Nuair a bheir iad aghaidh air daoine as dòcha a tha cunnartach no ainneartach, tha e mar fhiachaibh air oifigearan poileis sràide cunnart dochainn no bàis a lùghdachadh do na daoine fhèin, a' choimhearsnachd timcheall, agus oifigearan eile.

Faodaidh roghainnean co-èigheachaidh atharrachadh bho mhodhan beòil gu acainn-cuingealachaidh bodhaig no glacaidhean le làimh. Ma tha e iomchaidh, faodar cuaille a

<sup>1</sup> <https://www.humberside.police.uk/taser>

<sup>2</sup> Kroll, M.W., Brave, M.A., Pratt, H.M.O. et al. Benefits, Risks, and Myths of TASER® Handheld Electrical Weapons. Hum Factors

chleachdadh mar chulaidh-dìona, no gus neach air a bheil coltas cronail a cheannsachadh.

Chan fhuilear do gach gnìomh co-èigheachaidh a bhith dhen mhead as lugha a dh'fheumar airson an t-amas laghail a choileanadh<sup>3</sup>.

Thathar ag aithneachadh gum faod cuaille a bhith a' dochann neach air a bheil coltas cronail, ball eile den phoball no oifigear poileis. Seach cuaille a chleachdadh gus suidheachaidhean a riaghladh far a bheil cunnart mòr fòirneirt ann, faodar teicneòlasan leithid Teusair a chleachdadh.



Uidheam Taser ga chleachdadh ann an trèanadh oifigearan

Faodaidh oifigear Teusair a chleachdadh mar chulaidh-bacaidh le bhith a' tomhadh gath leusair ri neach cunnartach (canar "red-dotting" ris). 'S tric a dh'fhoghaineas seo airson suidheachadh a chiùineachadh. Air uairean nach eil "dearg-dhotagachadh" a' rèiteachadh cùis, faodar an Teusair a thilgeil le

Mech Eng Def Saf 3, 7 (2019).

<https://doi.org/10.1007/s41314-019-0021-9>

<sup>3</sup> <https://www.scotland.police.uk/spa-media/fxhkdzem/use-of-force-sop.pdf>

aon a dhà foincseanan: 'air a losgadh' no 'stun sparraichte (drive stun)'. Nuair a loisgear Teusair, tha seo a' ciallachadh gu bheil a' tarraing na glacaig airson a' chartraid a leigeil às air astar bhon targaid.

Air a' chaochladh, 's e 'drive stun' nuair a bhithear a' cleachdadh Teusair le làimh gu dìreach an aghaidh neach a th' air tighinn dlùth 's a tha dha-rìribh a' maoideadh fòirneart. Gabhaidh an dà sheòl a chleachdadh gus smachd a chumail air suidheachadh fhad 's a thathar a' lùghdachadh dochann no cron. Tha Teusairean mar aon de grunn roghainnean ro-innleachdail a ghabhas cleachdadh nuair a thathar a' dèiligeadh ri tachartas a dh'fhaodadh a bhith buaireasach.

Ann am Poileas Alba, chan eil giùlan Teusairean ceadaichte ach le oifigearan poileis a fhuair trèanadh sònraichte mar dhearbhadh gu bheil gan cleachdadh gu cothromach, eiticeil, follaiseach, agus airson cron a lùghdachadh a-mhàin nuair a tha sin gu tur riatanach.

## Cur-an-gnìomh is cleachdadh an teicneòlais le Poileas Alba

Ann an 2018, chruthaich Poileas Alba còmhlan ùr de Oifigearan a fhuair trèanadh sònraichte (STO) 's aig a bheil teisteanas a leigeas leotha uidheam Teusair a chleachdadh gu pearsanta<sup>4</sup>. Tha mu thuaiream 520 STO ag obair an-dràsta taobh a-staigh Poileas Alba. Airson teisteanas

<sup>4</sup> <https://www.spa.police.uk/spa-media/312dstfc/item-6-4-tasers.pdf>

cleachdadh Teusair fhaighinn, feumaidh oifigearan trèanadh cruaidh a ghabhail os làimh (tha Cùrsa Cleachdaiche CED Poileas Alba a' toirt 24 uairean a thide gu h-iomlan, barrachd air an lughad ùine de 18 uairean a thide aig an Rìoghachd Aonaichte).



Oifigear ri trèanadh Teusair

Feumaidh oifigearan pàirt a ghabhail ann an trèanadh ùraichte turas sa bhliadhna gus leantainn orra uidheam Teusair fhaighinn.

Bho thugadh a-steach iad san Ògmhios 2018, chaidh STOan a chur an gnìomh aig 1,355 tachartasan. Rè na h-ùine seo, chaidh Teusairean a chleachdadh 782 uair, ged nach robh iad air an tilgeil ach 90 uair san ùine seo (ìre tilgeil 11.5% a-rèir gach turais chleachdaidh).

Rinn Oilthigh Taobh an Iar na h-Alba sgrùdadh a mheas cleachdadh leudaichte nan Teusairean aig Oifigearan le trèanadh sònraichte. Rinn am pròiseact rannsachadh luachadh air a' chiad sia mìosan de chur-an-gnìomh nan Teusairean san

leth mu dheireadh de 2018. Dhearbh toraidhean an sgrùdadh gun robh am poball agus oifigearan taiceil sa chumantas do chleachdadh ceannsaichte Teusairean ann am Poileas Alba.

Tha Buidheann Ro-innleachdail nan Teusairean aig Poileas Alba a' cumail suas lèirmheas is sgrùdadh air na h-Oifigearan le trèanadh sònraichte. Tha e ag amas air mathas-cleachdaidh a chomharradh agus cothroman a lorg airson oideachadh a thoirt seachad do chàch. Tha Buidheann Sgrùdadh nan Teusairean aig Poileas Alba cuideachd a bhios a' cumail sùil ro-innleachdail air cleachdadh Teusairean le oifigearan uchd-bualaidh.

## **Dè na barantasan sàbhailteachd a tha suidhichte?**

Tha Poileas Alba a' leantainn ri Riaghailt-chleachdaidh Colaiste Obair-poileis a thaobh Obair-phoileis Armaichte agus cleachdadh bhuill-airm nach eil cho bàsmhor leis a' Phoileas<sup>5</sup>. Tha seo a' treòrachadh agus a' toirt fios mu ciamar a bhios oifigearan air feadh na dùthcha ag ùisneachadh uidheaman Teusair ann an seaghan àraidh.

Gach turas a thèid Teusair a chleachdadh le oifigear Poileas Alba, tha aithisg Co-èigneachaidh ga lìonadh airson feum a' chleachdaidh a chlàradh ann an sgrìobhainn agus sgrùdadh air cur-an-gnìomh Teusair

<sup>5</sup>

<https://library.college.police.uk/docs/appref/CCS207-CCS0120853800-001-Code-of-Practice-on-Armed-Policing.pdf>

a dhèanamh. Ann an Alba, tha Teusairean gan cleachdadh le Aonad Armaichte a' Phoileis bho 2015. Sna sia bliadhna a dh'fhalbh, chaidh Teusairean a thilgeil 25 uairean le Aonad Armaichte a' Phoileis<sup>6</sup>.

## **Barantas do shìobhaltaich**

Tha riatanas air oifigearan a' phoileis obair ann an suidheachaidhean cunnartach, dùbhlach airson an dleastanas a choileanadh agus am poball a dhìon. Ma gheibhear greim orrasan aig a bheil Teusairean, cuidichidh e le smachd a chumail air na cunnartan sin agus am poball a dhìon.

An coimeas ri dòighean co-èigneachaidh eile, leithid stealladair PAVA (roghainn eile nas sàbhailte seach stealladair piobair), cleachdadh cuaille, no airm-theine; 's e Teusairean as lugha a tha buailteach do chron fad-ùineach adhbharachadh. Tha uidheaman Teusair air an cleachdadh sa chumantas gus daoine a cheannsachadh ann an suidheachaidhean sa bheil cunnart mòr fòirneirt ann. Thathar ri seo mar dhòigh air tuilleadh croin a chlàradh (i.e. dochann no bàs) don neach sin, agus gus luchd-amhairc is oifigearan poileis a dhìon.

<sup>6</sup> <https://www.scotland.police.uk/spa-media/t31gtqqx/armed-policing-quarterly-report-q4-2020-21.pdf>

Nochd anailis a rinn Poileas Alba gu bheil Teusairean a' lùghdachadh ìrean dochann oifigearan is chuspairean gu mòr an coimeas ri acainn-dìon ghnàthach a' phoileis:

- Cuaille air a cleachdadh - ìre dochainn oifigearan aig 28%, ìre dochainn chuspairean aig 52%
- Stealladair PAVA air a cleachdadh - ìre dochainn oifigearan aig 24%, ìre dochainn chuspairean aig 16%
- Teusair air a chleachdadh used - ìre dochainn oifigearan aig 0.2%, ìre dochainn chuspairean aig 0.6% (2 oifigear agus 3 cuspairean air an dochann bhon 620 uair a chaidh Teusair a tharraing)<sup>7</sup>

Ged a chithear buannachdan soilleir an lùib oifigearan le trèanadh sònraichte a' giùlan Teusairean, aithnichear gu bheil cunnartan ann co-cheangailte ri cleachdadh Teusairean agus gum feumar smachd a chumail orra seo gu cùramach. Gheibhear beagan fianais gum faodadh Teusairean 'buaidh bhall-airm' a phiobrachadh<sup>8</sup> – rud saidhc-eòlach sam faod sealladh air ball-airm nuair a thachras am poball is am poileas air a chèile toirt air an dà chuid a bhith nas tuasaidiche.

'S fhiach aithneachadh cuideachd gu bheil aithrisean draghail air nochdadh bho chuid a dhùthchannan mu dheidhinn cus cleachdadh Teusairean a thaobh buidhnean so-

leòinte is beag-chuid (daoine le duilgheadasan slàinte-inntinn, mì-chleachdadh dhrogaichean, agus mion-chinnidhean<sup>9</sup>).

Tha e deatamach gu bheil cleachdadh Teusairean an Alba air a chuingealachadh ri oifigearan-poileis a fhuair trèanadh sònraichte; gu bheil e cothromach, eiticeil, soilleir, agus nach eilear gan ùisneachadh ach mar dhòigh air cron a lùghdachadh far a bheil sin riatanach.

Airson cleachdadh eiticeil, cothromach nan Tasers a dhearbhadh, bidh Coimiseanair an Ath-sgrùdaidh is Rannsachaidhean (PIRC) a' rannsachadh gach turas a chaidh Taser a thilgeil mar ghnòthach àbhaisteach. Thug PIRC taic do thoiseach cleachdadh Teusairean ann an obair Poileas Alba san aithisg bhliadhnail 2018-19 aca.

Dhearbh iad gun "d'fhuair iad cothrom air tachartasan a rèiteachadh gu sgiobalta sa mhòr-chuid dhiubh san deach Teusairean a chleachdadh le oifigearan STO, rud a tha na fhois-inntinn mhòr.

A chòrr air seo, nochd ar toraidhean àireamh mhòr amannan san do chleachd oifigearan Teusairean airson fèin-chron le daoine air an robh droch-shlàinte-inntinn a chuingealachadh no a bhacadh, agus air uairean, dh'fhaodadh iad a bhith air bàsan a sheachnadh."

<sup>7</sup> <https://www.spa.police.uk/spa-media/312dstfc/item-6-4-tasers.pdf>

<sup>8</sup> Ariel B, Lawes D, Weinborn C, Henry R, Chen K, Brants Sabo H. (2019). The "Less-Than-Lethal Weapons Effect"—Introducing TASERS to Routine Police Operations in

England and Wales: A Randomized Controlled Trial. Criminal Justice and Behavior. 2019;46(2):280-300.

<sup>9</sup> <https://www.amnesty.org.uk/press-releases/uk-public-should-resist-drum-beat-calls-all-police-carry-taser>

## Sùil air adhart

Tha Poileas Alba ag amas air an àireamh oifigearan le trèanadh sònraichte is cothrom air Teusairean a mheudachadh bho 500 gu 2000 thairis air na trì bliadhna seo ri thighinn. Bheir seo comas, le Teusairean gan sgaoileadh thairis air an tìr, do barrachd sgiobaidhean poileis ionadail a bhith gan cleachdadh mar roghainn innleachdach nuair a ghairmear orra tighinn gus smachd fhaighinn air suidheachaidhean sa bheil cunnart mòr fòirneirt ann.

Chan eilear an dùil an-dràsta oifigearan Teusair a leudachadh seachad air 2000.

## A' cumail cluas ri claisneachd

Gus cumail suas ri ar n-obair, cùm sùil air [Iàrach-lìn](#) Ùghdarras Poileas na h-Alba far an urrainn dhut pàipearan fhaighinn agus coimhead air deasbadan comataidh air an sruthadh beò, agus lean rinn air Twitter:

@ScotPolAuth @policescotland

Ceann-là foillseachaidh: 28 Sultain 2021